

Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Coinneamh air Dihaoine 19/08/2022
12.30 – 12.45

Tro Teams

GEÀRR-CHUNNTAS

SEISEAN FOSGAILTE

Buill Bùird an Làthair:

Màiri NicAonghais (Cathraiche) [MTNA]
 Dòmhnall MacAoidh [DMA]

A' frithealadh:

Shona NicIllinnein, Ceannard [SNI]
 Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim [SW]
 Christie NicIlleathain, Manaidsear Planaidh [CNI]
 Orla NicDhòmhnail, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]

Leisgeulan:

Nicola NicThòmais [NNT]

Policy & Resources Committee
Meeting on Friday 19/08/2022
12.30 – 12.45

Via Teams

MINUTE

OPEN SESSION

Board Members Present:

Màiri MacInnes (Chair) [MTMI]
 Donald MacKay [DMK]

In attendance:

Shona MacLennan, Ceannard [SML]
 Jim Whannel, Director of Education [JW]
 Christie MacLean, Planning Manager [CML]
 Orla MacDonald, Recording the minutes [OMD]

Apologies:

Nicola Thomson [NT]

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don choinneimh.

1.2 A' Nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gin ann.

1.3 Gnothach Iomchaidh sam Bith Eile

Cha robh gin ann.

2.0 PLANAICHEAN GÀIDHLIG

2.1 PGR013 E02 Plana Gàidhlig Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh

Thug SW geàrr-chunntas seachad air a' Phlana. Chuir Oifigearan aig a' Chomhairle tòrr obrach dhan dreach seo agus mhol SW e dhan Chomataidh.

Thuir SW gun deach aontachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh gun dèan a' Chomhairle sgrùdadh air mar a chaidh le Gàidhlig mar chuspair L3 sna bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean aca. Às dèidh seo, thèid targaidean aontachadh airson an àm ri teachd.

Chuir CNI taic ris na thuir SW agus thuir i gu bheil deagh cho-obrachadh air a bhith ann leis a' Chomhairle agus gu bheil seo ri fhaicinn sa Phlana.

Dh'fhaighnich Buill a bheil oifigearan BnG comhfhurtail leis na goireasan a tha rim faotainn airson 'Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh a' Phlana Gàidhlig' leis gu bheil tòrr dleasan aig a' bhuidhinn. Dhearbh SW gum bi e follaiseach tro na h-aithisgean dearcnachaidh a bheil seo ag obair, agus ma thig duilgheadasan sam bith thèid a thogail. Thog CNI cuideachd cho feumail 's a tha buidhnean leithid seo air a bhith agus gu bheil earbsa aig

OPENING ITEMS

Welcome & Apologies

The Chair welcomed everyone to the meeting.

Declaration of Interests

There were none.

AOCB

There were none.

GAELIC LANGUAGE PLANS

PGR013 E02 Gaelic Language Plan for Dumfries and Galloway Council

JW gave an overview of the Plan. The Council Officers had worked diligently on this draft and JW commended it to the Committee.

JW noted that it had been agreed between Bòrd na Gàidhlig and Dumfries and Galloway Council that the Council would complete an assessment on the success of Gaelic as an L3 subject in their primary and secondary schools. Once this has been done, future targets would be agreed.

CML supported what JW said and noted that there has been good collaboration with the Council, and this is evident throughout the Plan.

Members asked if the officers are comfortable with the resources available to the 'Gaelic Language Plan Implementation and Monitoring Group' since the group has significant responsibilities. JW confirmed that it will be evident through monitoring reports if there are any issues, and that these could be raised accordingly. CML also commented on how useful groups of this kind have been and the BnG officers

oifigearan BnG gum bi e na chuideachadh le bhith a' cur a' phlana an gnìomh .

have confidence that it will be helpful in the implementation of the Plan.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana mar a chaidh a thaisbeanadh.

Decision:

Members approved the Plan as it was presented.

Aithisg air adhartas le Eagrain 1

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh san aithisg.

Information on implementation of Edition 1

Decision:

Members noted the information in the report.

3.0 GNOTHACH IOMCHaidH SAM BITH EILE

ANY OTHER BUSINESS

Cha robh gin ann.

There were none.

Ceann-latha na h-ath choinneimh: 30/08/2022

Date for the next meeting: 30/08/2022

Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh

Post-meeting Review of meeting

Ceann-là na coinneimh	19/08/2022
Dearbhte le Sgioba Stiùiridh	25/08/2022
Air adhart gu Cathraiche na Comataidh airson dearbhadh/atharrachadh	26/08/2022
Dearbhte le Cathraiche na Comataidh	08/09/2022
Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh	20/09/2022
Dearbhte le Buill an CPG	19/09/2022
Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET	20/09/2022
Dearbhadh air co-ionannachd eadar a' Ghàidhlig is a' Bheurla san dreach dheireannach	20/09/2022